

Camping Cèilidh presents

# Leabhar nan Òran Cumanta

Second Edition

*A collection of twenty Scottish Gaelic songs  
to enjoy around the campfire*

compiled and edited by Seumas Gagne

# An t-Iorram Niseach

## The Ness Rowing Song

A musical score for 'An t-Iorram Niseach' (The Ness Rowing Song). The score consists of two staves of music. The first staff begins in G major and includes lyrics: 'Iom-air thu - sa, Choinn-ich chridhe', 'nèill a mhic 'sna hò rò', and 'Gaol nam ban òg'. The second staff begins in C major and includes lyrics: "'sgràdh nan nigh-ean', 'nèill a mhic 'sna hò rò', 'hè rò, hò rò,'". The music is in 2/4 time.

Iomair thusa, Choinnich chridhe  
nèill a mhic 'sna hò rò  
Gaol nam ban òg 's gràdh nan nighean  
nèill a mhic 'sna hò rò hè rò, hò rò.

Tha eagal mòr air mo chridhe  
Gur e birlinn Nèill tha tighinn

Iomraidh mise fear mar dhithis  
'S nam b' èiginn e fear mar thrithearn

Ach 's truagh nach robh mi fhìn 's Niall Odhar  
'N lagan beag os cionn Dhùn Othail

Biodag am làimh 's Niall bhith fodham  
Dhearbhainn fhìn gun deigheadh i domhainn

'S gum biodh fuil a chlèibh mu ghobha  
'S gun dèantadh feòil 's gun dèantadh sitheann

'S gum biodh biadh fo ghob an fhithich  
Cha d' rinn mi fhathast beud no pudhar

Mur do leag mi fiadh bho bhruthach  
No biast mhaol an caolas cumhang

No dubh-sgarbh an cois na tuinne  
Chì mi nise tighinn air fàire

Gob an Rubha 's iodhlann na h-Àirde  
Far 'n do mhilleadh mo chuid chàirdean

# Bheir Mi Sgrìob to Thobar Mhoire

## I'll take a trip to Tobermorry

Bheir mi sgrìob do Thob-ar Mhoir-e  
Far a bheil mo ghaol an comann.  
E o hi hiùraibh o hi ù  
E o hao ri ri  
E o hao ri sna ho hu o  
E o hi hiùraibh o hi ù.

Far a bheil mo ghaol an comann  
Luchd nan leadan 's nan cùl donna.

Luchd nan leadan 's nan cùl donna  
Dh'òladh am fion dearg na thonnan.

Bheir mi sgrìob dhan Lochaidh luachrach  
Far a bheil mo ghaol an t-uasal.

Far a bheil mo ghaol an t-uasal  
Gheibhinn cadal leat gun chluasag.

Gheibhinn cadal leat gun chluasag  
'S cùl mo chinn am bac do ghuala.

# Biodh an Deoch Seo 'n Làimh mo Rùn

Would that this drink were in my love's hand

Òladh neo na òladh càch i  
Biodh i làn aig ceann a' bhùird

Biodh an deoch seo 'n làimh mo rùin  
Deoch slàinte le fear an tùir  
Biodh an deoch seo 'n làimh mo rùin

Chunnacas bàt' air an fhairge  
'S an làimh dhearg air an stiùir

Chunnaic mi dol seach' an caol i  
'S badan fraoch 's an t-slait shiùil

Fhir a chunnaic air an t-sàil i  
Beannaich an long bhàn 's a criùdh'

Beannaich a cruinn àrd 's a h-acfhuinn  
A cuid acraichean 's a siùil

Ged a tha mi 'n seo an Colla  
B' e mo thoil a dhol a Rùm

Agus as a sin a dh' Uibhist  
Nan d' fhuair mi mo ghuidhe leam

Òladh neo na òladh càch i  
Biodh i làn aig ceann a' bhùird

Biodh an deoch seo 'n làimh mo rùin  
Deoch slàinte le fear an tùir  
Biodh an deoch seo 'n làimh mo rùin

Chunnacas bàt' air an fhairge  
'S an làimh dhearg air an stiùir

Chunnaic mi dol seach' an caol i  
'S badan fraoch 's an t-slait shiùil

Fhir a chunnaic air an t-sàil i  
Beannaich an long bhàn 's a criùdh'

Beannaich a cruinn àrd 's a h-acfhuinn  
A cuid acraichean 's a siùil

Ged a tha mi 'n seo an Colla  
B' e mo thoil a dhol a Rùm

Agus as a sin a dh' Uibhist  
Nan d' fhuair mi mo ghuidhe leam

# Chì mi na Mòrbheanna

## I See the Great Mountains

Iain Camshron

Em Em D D  
O, chì, chì mina mòr-bheanna; O, chì, chì mina còrr-bheanna;  
9 G D/A Em/B D C D Em  
O, chì, chì mina coir-each-an, Chì mina sgorr-an fo cheò.

O, chì, chì mi na mòr-bhean-na;  
O, chì, chì mi na còrr-bhean-na;  
O, chì, chì mi na coir-each-an,  
Chì mi na sgorr-an fo cheò.

Chì mi gun dàil an t-àite 'san d' rugadh mi;  
Cuirear orm fàilte 'sa chànan a thuigeas mi;  
Gheibh mi ann aoidh agus gràdh nuair ruigeam,  
Nach reicinn air thunnachan òir.

Chì mi ann coilltean; chì mi ann doireachan;  
Chì mi ann maghan bàna is torraiche;  
Chì mi na fèidh air làr nan coireachan,  
Falaicht' an trusgan de cheò.

Beannraighean àrda is àillidh leacainnean;  
Sluagh ann an còmhnaidh is còire chleachdainnean;  
'S aotrom mo cheum a' leum 'gam faicinn;  
Is fanaidh mi tacan le deòin.

# Cò Sheinneas an Fhideag Airgid

## Who Will Play the Silver Whistle

The musical score consists of two staves of music in 4/4 time with a key signature of one sharp. The first staff starts in D major, moves to Am, then D/A, and finally Am. The second staff starts in C major, moves to G/B, then Am. The lyrics are written below the notes, corresponding to the chords above them. The lyrics are: Cò sheinneas an fhìdeag airgid? Ho ro hu-a hu ill eó; hi ri liù ill eò hi ri liù ill eò; Mac mo rìgh-sa tigh-inn a dh'Alba; Air long mhòr air bhàrr na fairge; Air long mhòr nan trì crann airgid; Teàrlach òg nan gorm shùil meallach; Fàilte, fàilte mùirn 'us cliù dhut; Fìdhleireachd is rogha ciùil dhut; Co sheinneas an fhìdeag airgid? Co chanadh nach seinninn fhìn i?

Cò sheinneas an fhìdeag airgid

*Ho ro hu-a hu ill eó  
hi ri liù ill eò hi ri liù ill eò*

Mac mo rìgh-sa tigh-inn a dh'Alba

Air long mhòr air bhàrr na fairge

Air long mhòr nan trì crann airgid

Teàrlach òg nan gorm shùil meallach

Fàilte, fàilte mùirn 'us cliù dhut

Fìdhleireachd is rogha ciùil dhut

Co sheinneas an fhìdeag airgid?

Co chanadh nach seinninn fhìn i?

# Crò Chinn t-Saile

## The Kintale Cattlefold

1 Thèid mi dhach-aigh, dir - each dhach-aigh. Thèid mi dhach-aigh Chrò Chinn tSàil - e.

9 Thèid mi dhach-aigh, dhuth - aich m'ath-air Thèid mi dhach-aigh Chrò Chinn tSàil - e.

17 Thèid mi leam fhìn, leam fhìn, leam fhìn, O Thèid mi leam fhìn, leam fhìn a Ghearr - loch.

25 Thèid mi leam fhìn, leam fhìn, leam fhìn, Thèid mi dhach-aigh Chrò Chinn t-Sàile.

Thèid mi dhachaigh, dìreach dhachaigh.  
Thèid mi dhachaigh Chrò Chinn t-Sàile.  
Thèid mi dhachaigh, dhuthaich m'athair  
Thèid mi dhachaigh Chrò Chinn t-Sàile.

Thèid mi leam fhìn, leam fhìn, leam fhìn,  
Thèid mi leam fhìn, leam fhìn a Gheàrrloch.  
Thèid mi leam fhìn, leam fhìn, leam fhìn,  
Thèid mi dhachaigh Chrò Chinn t-Sàile.

Dhachaigh thu, dhachaigh thu, dhachaigh thu, dhachaigh thu,  
Dhachaigh thu, dhachaigh thu, dha do thaigh Gheamraidh.  
Dhachaigh thu, dhachaigh thu, dhachaigh thu, dhachaigh thu,  
Dha do thaigh Earraich 's dha do thaigh Samhraidh.

Thèid mi nam shìneadh, nam shìneadh, nam shìneadh,  
Thèid mi nam shìneadh, nam shìneadh gun dàil ann.  
Thèid mi nam shìneadh, nam shìneadh, nam shìneadh,  
Thèid mi dhachaigh Chrò Chinn t-Sàile.

# Eilean Fraoich

## Isle of Heather

lyrics by William MacKenzie

C                    F                    C                    F                    Am                    Em                    C  
Eil-ean fraoich    Eil-ean fraoich    Eil-ean fraoich    nam beann àrd    Far an d'fhuair mi  
  
6                    G                    Am                    C                    Em                    G                    C  
m'àr - ach        òg                    Eil - ean            Leòdh            -                ais                    mo ghràidh

Eilean fraoich Eilean fraoich  
Eilean fraoich nam beann àrd  
Far an d'fhuair mi m' àrach òg  
Eilean Leòdhais mo ghràidh

Far an robh mi'n laithean m'oig  
Ruith gun bhroig do an traigh  
'S mi ri streap gu nead an eoin  
Anns gach cos san biodh al

Thug mi greis de làithean m' òig  
Air a' mhòintich nam phàisd  
'S mi ri tional nan laogh òg  
Is nam bò aig an tràth

Far an faca mi an òigh  
Thuit mi òg oirr' an ghràdh  
'S ann a chionn nach eil i beò  
Rinn mi seòladh thar sàil

'S ged a bheirte dhomh an tìr  
Eadar chraobhan is bàrr  
B'fhearr leam a bhi measg an fhraoich  
Ann an Tìr nam Beann Àrd

# Fear a' Bhàta

## O Boat Man

Jane Finlayson

Em G D C Bm G C D  
Fhir a' bhà-ta na hò ro èil - e, Fhir a' bhà-ta na hò ro èil - e, Fhir a' bhà-ta na hò ro èil - e,  
6 Em D C G D Bm Em  
èil - e, Mo shor - aidh slàn leat 'sgach àit' an tèid thu!

Fhir a' bhàta na hò ro èile,  
Fhir a' bhàta na hò ro èile,  
Fhir a' bhàta na hò ro èile,  
Mo shoraidh slàn leat 's gach àit' an tèid thu!

'S tric mi sealltainn on chnoc as àirde,  
Dh'fheuch am faic mi fear a' bhàta,  
An tig thu 'n diugh no 'n tig thu màireach?  
'S mur tig thu idir gur truagh a tha mi.

Tha mo chridhe-sa briste brùite,  
'S tric na deòir a' ruith o m' shùilean,  
An tig thu 'n nochd no 'm bi mo dhùil riut,  
No 'n dùin mi 'n doras le osna thùrsaich?

'S tric mi faighneachd de luchd nam bàta  
Am fac' iad thu na 'm bheil thu sàbhailt  
Ach 's ann a tha gach aon dhiubh 'g ràitinn  
Gur górrach mise ma thug mi gràdh dhut.

# Fliuch an Oidhche / Coisich, a Rùin

Wet is the night / Go, Love

The musical notation consists of two staves of music. The first staff starts in D major (4/4 time) and transitions to F# major. The lyrics are: Fliuch an oidh - che, Hù ill o - ro, Nochd 'sgur fu - ar i, O hì e bhò. The second staff continues in F# major and ends in G major. The lyrics are: Ma thug Clann Nill, Hù ill o - ro, Druim a' chuain orr', Boch hòir - eann o.

## Fliuch an Oidhche

Fliuch an oidhche *Hù ill oro*  
Nochd 's gur fuer i *O hì e bhò*

Ma thug Clann Nill *Hù ill oro*  
Druim a' chuain orr' *Boch hòir-eann o*

Luchd nan seòl àrd  
'S nan long luatha

'S nam brataichean  
Dearg is uaine

'S iomadh sgeir dhubh  
Ris an do shuath i

Agus bàirneach  
Għlas a bhua i

## Coisich, a rùin

Coisich, a rùin *Hù ill oro*  
Cum do ghealladh rium *O hì e bhò*

Beir soraidh bhuam *Hù ill oro*  
Dha na Hearadh *Boch hòir-eann o*

Gu Sean Caimbeul  
Donn mo leannan

Sealgair geòidh  
Ròin 'us eala

Bhric a nì leum  
'N fhèidh ri langan

# Gaol Ise Gaol I

She's my love

D                    A/C#                    Bm                    D/A                    A                    D

Gaol is-e, gaol i    E ho hù o hù o    Hu ri rì o hù— o    Ro-ho ì o hì o

Gaol ise, gaol i  
E ho hùo hùo  
Hu ri rì o hùo  
Ro-ho ì o hì o

Gaol air Anna ni'n Nill  
Mi torrach, mi trom

Chan ann le balach mo throm  
Ach leis an lasgaire dhonn

Mac fir Bhalie nan Long  
Leis an èireadh na suinn

Mi dualach mi donn  
Me gor bior-shùileach, binn

Mi mar smeòraich an craoibh'  
Mi mar chuthaig an coill'

# Gleann Bhaile Chaoil

## Ballachulish Glen

C                    C/E                    C/G    G    Am                    F                    F/A

O, nach robh mi thall sa ghleann a' fuir-each      O, nach robh mi thall an

7    F/C                    C                    G/B    Am                    G/B    C                    F/C                    C

Gleann Bhail-e Chaoil! Nan robh mi - se thall sa ghleann a' fuir-each Chan

13    F/A                    C/G                    G                    C

fhàg - ainn e tuill-eadh gleann lur-ach, mo ghaoil. Sa - - - Nuair - - - 'se mo

17    C                    C/E                    C/G

mha - dainn nuair dh'éi - rinn gun éis - lean, gun  
dh'éir - eas a' ghrìan air bu chia - tach 'bhith  
mhiann 'us mo dhùr - achd 'bhith dluth dhut a

20    Am                    F                    F/A

gruaim 'se thug sol - as do'm inn - tinn bhith  
ann 'si cho fial, flath - ail, coibh - neil a'  
ghnàth 'sa bhith cual - lach na spréi - dhe mach ri'd

23    F/C                    C                    G/B                    Am                    G/B

seall - tainn riut suas Chan eil gleanne eile air  
boill - sgeadh air chrann I \_\_\_\_\_ dùsg - adh an  
réidh lean - nan àrd iad a' mir - eag 'sa'

Gleann Bhaile Chaoil

26 C F/C C F/A

Ghaidheal-tachd lón - dubh leum; bheir 'snan iad; barr smeòr - ach feín; ort 'san; an air cui; snuadh gheig ail; Gur chur bu; mise fail - bhinn; tha te le'n leam an.

30 C/G G C

chràdh - lot; ceòl air; geum naich; 'bhith'n a na; dràsd' mór teud; cho achd an; fad san nan; uat. speur clàr.

# Gràdh Geal Mo Chridhe

Fair Love of My Heart

The musical score consists of two staves of music in 4/4 time, A major (F# key signature). The first staff starts with chords D, G, D, Bm, D, A. The lyrics for this section are: Bheir mi o, hu o, Bheir mi o, hu o, hi, Bheir mi o — hu o. The second staff continues with chords Em, D/A, A, D. The lyrics for this section are: ho, 'Smi fo bhròn, 'stu 'gam dhìth.

*Bheir mi o hu o  
Bheir mi o hu o hi  
Bheir mi o hu o ho  
'Smi fo bhròn  
'stu 'gam dhìth'*

S iomadh oidhche fliuch 'us fuar  
Ghabh mi cuairt 's mi leam fhìn  
Gus an d'ràinig mise an t-àit'  
Far 'n robh gràdh geal mo chridh'

Dheanainn treabhadh dhut 'us buain  
Chumainn suas thu gun dìth  
'S bheirinn as a' ghreabhal chruaidh  
Do mo luaidh teachd-an-tìr.

Ged nach eil sinn fhathast pòsd'  
Tha mi 'n dòchas gum bi  
Fhad's a mhaireas mo dhà dhòrn  
Cha bhi lòn oirnn a dhìth.

# Hè Mandu

## waulking song

Unknown

G                          G                          D                          D  
*Hè man-du hi ri o-ro      ho ro\_ hu - o      hè man - du 'struadh nach tig - eadh*

D                          C                          G/D                          D                          Bm                          D/A                          C  
<sup>4</sup>  
*hè man - du siud gam iarr-aidh      hè man-du gill - e 'sli-tir      hi - ri o-ro each 'us diol-laid*

Is truagh nach tigeadh  
siud 'gam iarraig

gille 'us litir  
each is diolla

nam biodh agam  
sgiath a ghlaibhean

iteag nan eoin  
spòg na lachain

shnàmhainn na caoil  
air an tarsuinn

an Caol Ileach  
'us an Caol Arcach

'us rachainn a steach  
chun a' chaisteal

'us bheirinn a mach  
às mo leannan

'us chan fhoighnichinn  
cò bu leis i

# Iomairibh Eutrom

Row Lightly

The musical score consists of two staves of music in G major, 6/8 time. The first staff begins with a Em chord, followed by D, C, G, and Unknown chords. The lyrics for the first staff are: *Iom - (a)-raibh eu - trom ho ro \_\_\_\_\_ iu ribh o 'sna hair - ean - an \_\_\_\_\_*. The second staff begins with a C chord, followed by D, Em, Em, and D chords. The lyrics for the second staff are: *iom - (a)-raibh eu - trom ho ro \_\_\_\_\_ Chaidh a' bhan - a - rach dha'n traigh.*

Chaidh a' bhan-a-rach dha'n traigh

*Iom-(a)-raibh eu-trom ho ro  
iu ribh o 'sna hair-ean-an  
iom-(a)-raibh eu-trom ho ro*

Rinn i rud nach dean-adh cach

Chruinn-ich i maor-ach ri muir làn

Bhris i cas 'us ghearr i lamh

Dheoghalil 'us gun d'dheoghalil an t-sàil

Dheoghalil e a huil-e té a bh'fhearr

Dheoghalil e bhuidh-eag 'us a' bhlàr

# Is ann an Ìle

'Tis in Islay

The musical score is in 2/4 time, G major. It features four staves of music with lyrics in Scottish Gaelic. The chords indicated above the staves are G, C/G, C, D, Bm/F#, G/E, C/D, and G. The lyrics are as follows:

1 'Sann an Ìl - e, 'nìll - e, 'nìll - e, 'Sann an Ìl - e, rug-adh mi  
 5 'Sann an Ìl - e, 'nìll - e, 'nìll - e, 'Sann an Ìl - e, bhòidh - each  
 9 'Sann an Ìl - e ghorm an fheòir a rug-adh mi 'sa thog-adh mi.  
 13 'Sann an Ìl - e ghorm an fheòir a rug-adh mi 'sa bha mi.

'Sann an Ìle, 'n Ìle, 'n Ìle'S ann an Ìle, rugadh mi  
 'Sann an Ìle, 'n Ìle, 'n Ìle'S ann an Ìle bhòidheach  
 'Sann an Ìle ghorm an fheòir a rugadh mi 's a thogadh mi.  
 'Sann an Ìle ghorm an fheòir a rugadh mi 's a bha mi

.'Sann an Ìle bhòidheach a rugadh mi 's a thogadh mi.  
 'Sann an Ìle bhòidheach a rugadh mi 's a bha mi.

Nuair a bha mi ann an Ìle bha Catriona cuide rium.  
 Nuair a bha mi ann an Ìle bha Catriona còmh' rium.

Am measg nam bruachan bòidheach buidhe bha Catriona cuide rium.  
 Am measg nam bruachan bòidheach buidhe bha Catriona còmh' rium.

# O Luaidh

## O Love

O luaidh, 'struagh nach deach - aidh sinn  
È luaidh, 'struagh nach deach - aidh sinn  
O gura truagh a' cheist, o luaidh  
nach robh mi san uaigh mun d' fhuair mi sealladh ort  
O luaidh

O luaidh, 's truagh nach deachaidh sinn  
È luaidh, 's truagh nach deachaidh sinn  
O gura truagh a' cheist, o luaidh  
nach robh mi san uaigh mun d' fhuair mi sealladh ort  
O luaidh

Chunnaic mi thall sa mhòine gearradh i  
gruagach òg, 's chòrd a pearsa rium  
chaidh mi anull 's gun fhaic mi i dlùth's  
a' mhais' air a gnùis a dh'ùraich leannanachd  
O luaidh

An tèid thu leam gu tìr nam monaidhean  
tìr nam fiadh, nan earb 's nan coineanach  
tìr nan siad, 's ann bha thu riamh's gun ith thu do bhiadh  
gun sgian 's gun ghreimiche  
O luaidh

Nam biodh peann 's pàipear geal agam  
sgriobhainn dhut sìos mo chainnt le barantas  
cùmhnhant tha teann nach fhosgail bhon chlèir  
's ma dh'fhalbas tu fhèin, chan fheum thu t'fharadh ann  
O luaidh

# Òran do Bhaile Àrd

## Song for Ballard

Seumas Gagne

D D F#m F#m G G A A

Tog - a - maid fonn do bhaile mo ghaoil 'Se bail-e snog coibh-neil iasg - aich ann 'us

9 G G A A D/A A A D  
ged nach do thog-adh mis - e ann Fhathast, tog-aidh mi fonn do Bhail - e Ard

17 D D F#m F#m G G A A  
Thog-adh mi fhín am Pouls-bo null Far an d'rinn móran dhaoin-e Nir-bhich tàmh Bu

25 G G A A D/A A A D  
mhath leam m'eòl air lef - sa bhinn 'Si ag-am a - rithist am Bail - e Ard!

Togamaid fonn do bhaile mo ghaoil  
Is e baile snog coibhneil iasgaich ann  
Agus ged nach do thogadh mise ann  
Fhathast, togaidh mi fonn do Bhaile Ard

Thogadh mi fhín am Poulsbo null  
Far an d'rinn móran dhaoine Nirbhich tàmh  
Bu mhath leam m'eòl air lefsa bhinn  
Is i agam a-rithist am Baile Ard!

Gheibh thu ann céilidh, gheibh thu ann ceòl  
Gheibh thu ann biadh, 'us danns, 'us òl  
Ach barrachd air sin, 'us a mhaires gu bràth,  
Cuimhneachan àm' am Baile Ard!

Is toigh leam Vancouver fuar nam beann,  
Is toigh leam Ceap Breatuinn nam fidheall 'us nan danns  
Is toigh leam na h-Eileanan Siar gu leir  
Ach càite a bheil dachaidh ach Baile Ard?

# Òran na Maighdean Mhara

## Song of the Mermaid

D D D D  
Hù - bha is na hoir - ean hù - bha Hù - bha is na hoir - ean hi

5 C C D Am D  
Hù - bha is na hoir - ean hù - bha 'sann le foill a mheall thu mi. A—

9 D G D D G Am  
mach air bharr nan stuagh ri gaill-inn Fuachd is feann-adh fad o thir

13 D C Bm Am D  
Bha mo ghaol dhut daon - nan fal - lain - Ged is maigh - deann mhar-a mi

Hù-bha is na hoirean hù-bha  
Hù-bha is na hoirean hi  
Hù-bha is na hoirean hù-bha  
Is ann le foill a mheall thu mi.

A mach air bharr nan stuagh ri gaillinn  
Fuachd is feannadh fad o thir  
Bha mo ghaol dhut daonnan fallain  
Ged is maighdeann mhara mi

Chan eil mo chadal-sa ach luaineach  
Nuair bhios buaireas air an t-sid  
Bha mi'n raoir an Coire Bhreacain  
Bidh mi nochd an Eilean I

Seall is faic an grunnd na fairge  
Uamhan airgid 's oir gun dith  
Lainnearachd chan fhaca suil e  
Ann an cuirt no luchairt rìgh

# Phiuthrag 'us a Phiuthar

## Little Sister, O Sister

'Phiùthrag 'sa phiuth - ar hù rù  
Ghaoil a phiuthar hù rù  
Nach truagh leat fhèin ò ail ill leò  
Nochd mo chumha hù rù

Nach truagh leat fhèin  
Nochd mo chumha

'S mi 'm bothan beag  
Ìseal, cumhang

Gun lùb sìomain  
Gun ghad tughaidh

'S uisce nam beann  
Sìos na shruth leis

'S mise bhean bhochd  
Chianail, dhuilich

Dhìrich mi suas  
Beinn an Sgrìobain

'S Laigheabhal Mhòr  
Nan each gris-fhionn

Cha d' fhuair mi ann  
Na bha dhìth orm

Tè bhuidhe, 's a,  
Falt mar dhìthein

# Sìne Bhàn

## Fair Jean

Duncan Johnstone

The musical score consists of four staves of music in G major (indicated by a sharp sign) and A minor (indicated by a neutral sign). The time signature is 2/4. The lyrics are written below each staff, corresponding to the chords: D, D, G/D, D, Bm, Bm, D/A, A; D, D, G/D, D, Bm, D/A, A, D; D, D, G/D, D, G/D, D, D/A, A; and Bm, Bm, G/D, D, Bm, D/A, A, D. The lyrics are:

Blàth nan cailin, Sìn - e Bhàn Reul nan nigh-ean, dil - eas òg,  
Cusp - air diomh-air i dom dhàn, Gràdh mo chridh', an rìbh - inn òg.  
Àr - os son-a bh'ag - ainn thall Àir - igh mhon-aidh, inn - is bhò.  
Sgaoil ar son-as uainn air ball Mar roinn - eas gaoth nam fuar - bheann ceò.

Blàth nan cailin, Sìn - e Bhàn  
Reul nan nigh-ean, dil - eas òg,  
Cuspair diomhair i dom dhàn,  
Gràdh mo chridh', an rìbhinn òg.

Àr - os son-a bh'ag - ainn thall  
Àir - igh mhon-aidh, inn - is bhò.  
Sgaoil ar son-as uainn air ball  
Mar roinneas gaoth nam fuar - bheann ceò.

Bruaillean cogaidh anns an tìr  
Faic an long a' togail sheòl,  
Cluinn an druma 's fuaim na pìob  
Faic na suinn a' dol air bòrd.

Ma tha e 'n dàn mi bhith slàn  
Stadaidh ràn nan gunnan mòr  
Am Baile Mhonaidh nì mi tàmh  
Le Sìn - e Bhàn, mo rìbhinn òg.